


## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR LÀN-THASGADH SNA SGOILTEAN GÀIDHLIG

25 An Lùnastal 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig air fàilte a chur air an naidheachd bho Mhiniestar na Gàidhlig, Michael Russell, gum bi Comhairle na Gàidhealtachd a' faotainn buannachd bho riarachadh de £1.5 millean airson solar ann an sgìre na Gàidhealtachd a mheudachadh.

Bidh an tasgadh ùr bho Mhaoin Calpa Sgoiltean Gàidhlig a' cruthachadh barrachd àiteachan ann am foghlam Gàidhlig air feadh na dùthcha agus bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' comharrachadh làraich fhreagarrach a dh'aithghearr airson sgoiltean Gàidhlig fa leth a stèidheachadh ann am Port Rìgh agus sa Ghearsadan. Bheir am maoineachadh seo cead don Chomhairle adhartas a luathachadh air na pròiseactan sin.

Thuirt Art MacCarmaig, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig: "Tha mi a' cur fàilte air an naidheachd bho Mhìcheal Russell an-diugh a thaobh riarachadh de £1.5m de mhaoin calpa a thaobh Comhairle na Gàidhealtachd a chuideachadh gus sgoiltean Gàidhlig fa leth a stèidheachadh anns a' Ghearsadan agus ann am Port Rìgh. Tha Comhairle na Gàidhealtachd ri moladh airson stèidheachadh dà sgoil Ghàidhlig ro 2011 a bhith mar aon de na prìomh phròiseactan an taobh a-staigh a' Phlana mhath Gàidhlig aca, agus tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' cur taic ri oidhirpean bhuidhnean de Chomann nam Pàrant anns an dà sgìre gus na sgoiltean sin a chur air bhonn."

"Aig àm nan co-chomhairlean reachdail a chaidh a chumail san dà sgìre an-uiridh, rinn am Bòrd am beachd soilleir gum biodh feum air barrachd sgoiltean Gàidhlig fa leth ma tha sinn a' dol a thogail ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha am beachd seo ann an co-chòrdadh ri amas nam Ministearan ann a bhith a' dèanamh cinnteach às ginealach ùr de luchd-labhairt. Tha sgoiltean fa leth a' tairgsinn mòran a bharrachd chothroman air briathrachas nas fharsainge fhaotainn agus nas mothà cleachdaidh a dhèanamh air a' Ghàidhlig taobh a-muigh an t-seòmair-sgoile.

Bu chòir gum brosnaicheadh barrachd cothrom air a' chànan a chleachdadhs nas mothà miann gus a chleachdadhs, nì a tha deatamach ma tha sinn a' dol a thogail ginealach de dhaoine òga a bhios a' cleachdadhs na Gàidhlig gu cunbalach."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



Thuirt Mgr MacCarmaig cuideachd gun robh am Bòrd a' coimhead air an leasachadh làithreach seo mar cheum shònraichte ann an gnìomhachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, le bhith a' tairgssinn taic do phàrantan ann an coimhlearsnachdan far a bheilear air a bhith a' sireadh sgoiltean Gàidhlig rè ùine gus an coilean iad an aon ìre de fhàs agus de shoirbheachadh ris na sgoiltean ann an Glaschu agus Inbhir Nis.

Chuir e ris an sin: "Bu toil le Bòrd na Gàidhlig ùghdarrasan ionadail air feadh na h-Alba fhaicinn a' tùiseachadh air feumalachdan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na sgìrean aca a ghabhail os làimh, leis an amas a bhith ag adhartachadh chothroman agus ruigsinneachd air a' Ghàidhlig. Tha fior eisimpleir den seo ann an Lannraig a Tuath aig an àm seo. Tha sinn mothachail de rannsachadh anns na h-Eileanan Siar o chionn ghoirid, far an robh mar eisimpleir, a' mhòr-chuid de phàrantan ann an grunn choimhlearsnachdan a' cur air adhart am beachd gum bu chòir an sgoil san sgìre aca a bhith na sgoil Ghàidhlig. Tha sinn cuideachd a' cur taic ri Comann nam Pàrant ann an Dùn Èideann far am faodadh sgoil Ghàidhlig fa leth a bhith gu tur freagarrach. Tha sinn an dòchas gun samhlaich stèidheachadh dà sgoil ùr air a' Ghàidhealtachd soirbheachadh Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus Bun-sgoil Ghàidhlig Għlaschu, agus gun toir e misneachd do phàrantan anns gach àite a dhol a dheasbad ri an ùghdarrais ionadail a thaobh sgoil Ghàidhlig sa choimhlearsnachd aca fhèin."

**Airson tuilleadh fiosrachaидh mu shusbaint na fios-naidheachd seo, cuiribh fios gu Hugh Dan MacLlinnein air 0751 528 7040.**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



# BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES MAJOR INVESTMENT IN GAELIC SCHOOLS

**25 August 2009**

Bòrd na Gàidhlig has welcomed the announcement by Minister for Gaelic Michael Russell that Highland Council will benefit from an allocation of £1.5 million to increase provision in its area.

The new investment from the Gaelic Schools Capital Fund will create more places in Gaelic education streams throughout the country and Highland Council will shortly be identifying suitable sites for the establishment of stand-alone Gaelic schools in Portree and Fort William. This funding will allow the Council to accelerate progress on these projects.

Arthur Cormack, Bòrd na Gàidhlig Chair said: “I welcome Michael Russell’s announcement today allocating £1.5m of capital funds to help the Highland Council establish standalone Gaelic schools in Fort William and Portree. Highland Council is to be congratulated on making the establishment of two Gaelic schools by 2011 one of the major projects within its excellent Gaelic Language Plan, and Bòrd na Gàidhlig has been supporting the efforts of Comann nam Pàrant groups in both areas to have these schools established.”

“At the time of the statutory consultations held in both areas last year, the Bòrd made clear its view that more standalone Gaelic schools would be needed if we are to grow a new generation of Gaelic speakers. This view accords with Ministers’ new focus on ensuring a new generation of Gaelic speakers. Standalone schools offer significantly more opportunities to acquire a wider vocabulary and make more use of Gaelic outside the classroom. More opportunity to use the language should promote greater desire to use it, which is essential if we are to grow a generation of young people who will use Gaelic regularly.”

Mr Cormack also said that the Bòrd viewed the current development as a significant step in enabling the National Plan for Gaelic, by offering support to parents in communities where Gaelic schools have been sought for some time so that they can achieve the same level of success and growth as the Glasgow and Inverness schools.

He added: “Bòrd na Gàidhlig would like to see local authorities across Scotland begin to address the needs of Gaelic medium education in their areas, with a view to further promoting its availability and expanding its reach. There is a particularly good example of this currently in North Lanarkshire. We are aware of recent research in the Western Isles for

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



example where, in several communities, a majority of parents expressed the view that the school in their area should be a Gaelic school. We are also supporting Comann nam Pàrant in Edinburgh where a stand-alone Gaelic school would seem entirely feasible. We hope that the establishment of two new Gaelic schools in Highland will replicate the success of Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis and Bun-sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, and will give parents in all areas the confidence to engage with their local authority with a view to getting a Gaelic school in their community."

**For further information on the contents of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.**